SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

8 Thug am pìos bàrdachd, "An Eala Bhàn",
le Domhnall Ruadh Choruna agus an sgeulachd
ghoirid, "Bùrn" le Iain Mac a' Ghobhainn orm
a bhith a' smaoineachadh air ~~cuspair~~ a' bhuaidh
a th' aig cogaidhean air dhaoine bho sealladh
ùr. Ann am "Bùrn", tha saighdear Bhreatannach
leis fhein sa chiad chogadh còmhla ri
saighdear Gearmailteach. Tha seorsa de chairdeas
a nochdadh eadarra ach, seach am pathadh, an
cianalas, an t-eagal a th' air ron t-suidheachadh
agus an dìth-earbsa eadarra, tha Iain a' losgadh
air a namhaid aig crìoch muladach a' phìos,
ged a bha a' Ghearmailteach dìreach airson
botail uisge a thoirt dha, 's e airson Iain a'
thoilleachadh. ~~Mar eadar dhealaichte, ged a tha~~
Tha am bàrd anns "An Eala Bhàn"
cuideachd anns na trainnsichean, 's e a' sgrìobhadh
dha leannan air an oidhche ro Bhlar an

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

Somme. Ged a tha e ann an suidheachadh gle coltach ri lain, 's urrainn dha deiligeadh le na tha a dol air adhart mun cuairt air le bhith a' cuimseachadh air "An Eala Bhàn" – a Mhagaidh air ais ann an Alba. Seach gu bheil na pìosan cho coltach ann an iomadh dòigh, 's urrainn dhuinn a bhith a' cuimseachadh air na dòighean 's a tha iad diofraichte airson a bhith a' smaoineachadh air mar as urrainn cogaidhean buaidhean gu tùrr eadar-dhealaichte a thoirt air diofar dhaoine.

Tha sinn a' faicinn gu soilleir an diofar eadar mar a tha na saighdearan a' deiligeadh ri na tha a' dol air adart mun cuairt orra. Tha "Bùrn" a' toiseachadh le paragraf mòr fada a tha a' toirt dealbh air leth shoilleir dhan leughadair

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

den t-suidheachadh - a sealltainn am prìomhcharactar 's a tha e air inntinn. Tha e ag innse dhuinn gum "[f]aodadh tu dhol fodha anns an talamh ud làn bùirn is creadhadh mar shoitheach mara a' dol fodha." 'S e dealbh gu math soilleir a th' anns an seo a' taisbeanadh dhuinn cho neo-sheasmhach 's a tha a' ghrunnd. Chan urrainn dhan leughadair fhìn 's smaoineachadh mu dheidhinn cho eagallach 's a bhiodh e mar nach b' urrainn earbsa fhìn 's a bhith agad san talamh fhèin is mar sin chan eil iongnadh sam bith ann gu bheil Iain cho làn eagal is cuideachd tha sinn a' tuigsinn carson nach eil earbsa aige ann an duine sam bith - gu h-àraid a nàmhaid.

Eu-chosmhail ris an seo, ged a tha am bàrd 's "An Eala Bhàn" cuideachd ann an

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

suidheachadh a tha dìreach uabhasach, 's urrainn dha deiligeadh ris le bhith a' smaoineachadh air Magaidh:

"Ach ged tha 'n uair seo cruaidh orm
Tha mo smuaintean air Nic Leòid."

Tha an earran seo a' còrdadh rium gu mòr oir tha sinn a' faighinn sealladh a tha gu math fìrinneach. Tha e ag aideachadh ~~nach~~ gu bheil e ann an suidheachadh ~~[illegible]~~ a tha gu math doirbh dha, ach fhathast nach eil e na dhragh dha seach gu bheil ~~e ann~~ an gaolaige cho làidir. 'S e dealbh gu math cumhachdach a th' ann air a' chumhachd a th' aig gaol agus mar as urrainn dha a bhith gad cuideachadh ri suidheachaidhean cruaidh.

Tha an cianalas cuideachd air na dhà ~~charac~~ caractaran, ach chì sinn cuideachd

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

an diofar eadar an doigh 's a tha iad a' gabhail ris. Ann am "Bùrn", tha lain gu tric a' smaoineachadh air adhachaigh, ach tha e air am foillseachadh dhuinn gu bheil fiù 's na cuimhnichiedhean neo-chiontach aige a-rìs co-cheangailte ri bàs, Mar a chì sinn an uair a tha e a' smaoineachadh mu a leannan fhèin:

"Smaoinich e air Màiri 's bha a corp
a' lobhadh air a bhealaibh gus nach fhaiceadh
tu ach na cnàmhan a shadadh tu gu cù."

Gu cinnteach, b' abhaist gur e cuimhneachan math a bhiodh anns an seo ach, bhon meatafor biastal seo, chì sinn gu bheil e a-rìs millte. Tha Mac a' Ghobhainn a' cleachdadh an eisimpleir seo gu h-eifeachdach airson sealltainn a' bhuaidh inntinneil a th' aig cogaidh.

Anns "An Eala Bhàn", tha am bàrd cuideachd

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

a' smaoineachadh mu dheidhinn a dhachaigh gu tric ach, an àite a bhith a fàgail làrach dorcha air inntinn, tha e a' toirt faochadh dha.
Sa chiad rann, tha sinn a' faicinn dealbh de,
"Gleanntannan a' Mharrain
Nan Loch, nam bàgh 's nan stròm
'S an eala bhàn tha tàmh ann"
Tha sinn a' faighinn ~~taisbeanadh, a tha~~ ìomhaigheachd a tha dìreach eireachdail de a dhachaigh agus tha an taghadh facail de "Mharrain" gu h-àraidh a' còrdadh rium oir tha e a' toirt oirnn a bhith a' smaoineachadh air òran ghaoil mar a sheinneadh e ri a leannan. Tha mi cuideachd a' smaoineachadh gum bith e a' cleachdadh ìomhaigheachd a tha cho grinn ~~seach gu~~ an uair a tha e a' bruidhinn mu a dhachaigh seach gur e sin an àite far a bheil "An Eala Bhàn" àlainn.

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST | NA SGRÌOBH AN SEO

'S e ciùineas na caractaran aon de na phrìomh eadar-dhealachaidhean a tha a' leum a-mach dhan leughadair. Tha e cho soilleir tron sgeulachd, "Bùrn", air fad cho eagallach 's a tha Iain agus tha seo à tighinn gu àirde aig iar-dheireadh a' phìos anuair a tha e à losgadh air a' Ghearmailteach. 'S e deireadh muladach agus iaranta a th' ann agus nam bheachd-sa, tha Mac a' Ghobhainn a' glacadh aithre an leughadair ~~mar seo~~ ann an doigh cho uabhasach seo airson am puing aige a' dhaingneachadh nach eil àite sam bith ann airson càirdeas ann an cogaidh.

Ach, anns "An Eala Bhàn", 's e feathàl a' bhàird a tha a' glacadh ar n'aithre ~~tha e a gabhail n ba~~ Chan eil an t-eagal air idir ro bàs agus, an aite a bhith a'

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

smaoineachadh air fhèin, tha dragh air mu dheidhinn mar a bhitheadh Magaidh a' dèiligeadh ris mas e gum caochaileadh e ~~Chan eil sin~~ Tha e ag innse dhi,

"[nach] eil sinn uileadh ach air chuairt
Mar dhìthein buaile fàs"

Tha e a' samhlachadh beatha ri beatha flùra a tha an seo an diugh agus air falbh a-maireach airson sealltainn dhi gun e dìreach rud nadarra a th' ann am bàs. 'S dòcha gun canadh cuid gu'n e sealladh car eu-dhòchasach a tha sin, ach tha mi fhèin a' faicinn a' chùram a tha e a' sealltainn dha leannan le bhith gan ullachadh air a shon.

Tha am pìos bàrdachd, "An Eala Bhàn" le Domhnall Ruadh Chorùna, agus an sgeulachd ghoirid, "Bùrn" le Iain Mac a' Ghobhainn, a' toirt air an leughadair a bhith a' smaoineachadh mu

SGRÌOBH ÀIREAMH NA CEIST

NA SGRÌOBH AN SEO

cogaidhean bho sealladh ùr. Le bhith a' cuimseachadh air dà diofar neach is mar a thug cogadh buaidh cho diofraichte orra, tha sinn a' faicinn gum urrainn diofar dhaoine a bhith a' deiligeadh ris an aon t-suidheachadh ann an dòighean gu math eadar-dhealaichte. Tha Chorùna cuideachd a' cleachdadh ìomhaigheachd alainn gu h-èifeachdach airson sealltainn a' chumhachd a thaig gaol agus mar as urrainn dha cuideachadh le bhith a deiligeadh ri suidheachaidhean cruaidh.